

# PLANA: ANNE FRANK



## Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

**SOC 2-06a**

'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha feuman buidhne nam choimhearsnachd ionadail a' faighinn taic.

**SOC 2-16a**



## Ceangalan eadar-chuspaireil

'S urrainn dhomh mo bheachdan, a tha a' sìor leasachadh, a roinn a thaobh luachan, mar cothromachd agus ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còraichean daonna.

**RME 2-05b**

Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhìneachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saighal mhòr.

**SOC 2-14a**

'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air prìomh fheartan deamocrasaidh agus bruidhinn air còrichean agus uallaichean shaoranaich ann an Alba.

**SOC 2-17a**

Tha fios agam gu bheil càirdeas, cùram, roinn, cothromachd, co-ionannachd agus spèis cudromach ann an dèanamh dàimh làidir ri daoine. Mar a tha mi a' togail agus a' cur luach air dàimhean, tha mi a' nochdadh sùim agus spèis dhomh fhìn agus do dhaoine eile.

**HWB 2-05a**

Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile.

**HWB 2-09a**





## Co-theacsa, Goireasan agus Gnìomhan Ana-ceartas agus Còraichean Chloinne

Beatha le Buaidh – Anne Frank (leabhar agus CD air fhoillseachadh le Stòrlann)

### Sùil timcheall a' flat anns an robh an teaghlach Frank a' falach

<http://www.annefrank.org/en/Subsites/Home/Enter-the-3D-house/#/house/20/hotspot/4102/audio/>

### Postair Còraichean Chloinne

Cruinneachadh de dhealbhan no film a' sealltainn eisimpleirean de chlaon-bhreith, leth-bhreith agus geur-leanmhainn.

### Abairt à leabhar latha Anne Frank

*"Human greatness does not lie in wealth or power, but in character and goodness. People are just people, and all people have faults and shortcomings, but all of us are born with a basic goodness."*

Dèan measadh air an tuigse a th' aig na sgoilearan mu chlaon-bhreith, leth-bhreith agus geur-leanmhainn. Cleachd na dealbhan/film gus toirt air na sgoilearan smaoineachadh mu ana-ceartas a thaobh:

- claon-bhreith
- leth-bhreith
- geur-leanmhainn

Am faigh iad fhèin air eisimpleirean a thoirt?

A' smaoineachadh air modail 'Circle Time', brosnach sgoilearan gus smaoineachadh agus bruidhinn mu shuidheachaidhean duilich no dùbhlanaich anns an robh iad. An robh iad dhen bheachd gun deach ana-ceartas a dhèanamh?

Dh'atharraich Hitler an dòigh riaghlaidh anns a' Ghearmailt bho bhith na dùthaich dheamocrataigeach gu bhith na deachdaireachd. Cuidich na sgoilearan gus ciall a dhèanamh den dà dhòigh riaghlaidh seo. Thoir orra co-dhùnadh a dhèanamh mun dòigh riaghlaidh ann an Alba; an e dùthaich dheamocrataigeach a th' innte? Dè am fios a th' aca?

Cleachd sgeulachd Anne Frank gus breithneachadh air a' gheur-leanmhainn a dh'fhuiling lùdhaich aig àm a' chogaidh fo riaghladh Hitler agus nan Nadsaidheach. Mìnich uabhasan a' Holocaust.

Thoir sùil air a' flat anns an robh an teaghlach a' falach. Saoil cò ris a bha a beatha coltach 's nach b' urrainn dhi a bhith coltach ri a co-aoisean. Carson a dh'fheumadh cùisean a bhith mar sin?

Saoil ciamar a bha Anne Frank a' faireachdainn? Sgrìobh liosta de bhuaidhean. Ann an co-theacsa Còraichean Chloinne, breithnich air an t-saorsa a th' aig na



sgoilearan agus air riaghailtean na sgoile agus na dachaigh. Ciamar a tha na sgoilearan a' faireachdainn mun deidhinn? Carson a dh'fheumas an dà chuid a bhith ann?

Thoir air na sgoilearan breithneachadh air na còraichean agus na h-uallaichean a th' orra aig an taigh agus anns an sgoil. Ciamar a dh'atharraicheas iad mar as sine a dh'fhàsas iad?



## Gnìomhan

Iarr air na sgoilearan iomradh a thoirt air am beachdan mu ana-ceartas a chur ann an sgrìobhadh:

- mar a tha an comann-sòisealta/an saoghal  
**no**
- mar a lùigeadh iad an comann-sòisealta/an saoghal a bhith

Cuir Co-chruinneadh/Àm smaoineachaidh mu Anne Frank no a' Holocaust air dòigh (Là Cuimhneachaidh a' Holocaust air a chumail san Fhaoilleach)

## Measadh

### CRUTHAICH

### DÈAN

'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an taisbeanadh mu Anne Frank no mun Holocaust ullachadh agus a libhrigeadh air beulaibh na sgoile.

### CAN

### SGRÌOBH

'S urrainn dhomh bruidhinn mu dheidhinn agus mo beachdan mu chlaon-bhreith, leth-bhreith agus geur-leanmhainn a chur ann an sgrìobhadh.



## HOTS - Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh

A' luachadh



A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



## Na Ceithir Comasan

### Soirbheachail:

Ghabh mi pàirt ann an cuspair a thaisbeanadh air beulaidh mo cho-aoisean.

### Misneachail:

Tha mi ag ionnsachadh gum faod na rudan a chanas mi agus a nì mi buaidh a thoirt air faireachaidhean agus beatha dhaoine eile.

### Cunntasach:

Tha mi a' toirt spèis do dhaoine agus tha mi faiceallach mu na rudan a nì mi agus a chanas mi riutha.

### Èifeachdach:



## Sgilean:

A' libhrigeadh agus a' taisbeanadh

A' breithneachadh

A' sgrùdadh

Co-fhaireachdainn